

Tha i fuar an-diugh - Activity Ideas

Inbheach agus leanabh

Gnìomhan an òrain:

Tha i fuar... – paisg do ghàirdeanan tarsainn air do bhroilleach agus suath mullach nan gàirdeanan mar gu bheil thu fuar.

Tha i brèagha... – gluais do làmhan bho chèile, a’ dèanamh cearcall mòr air do bheulaibh.

Tha i fliuch... – nuair a chanas tu ‘fliuch’, cuir an ìre gu bheil thu a’ cur sgàilean-uisge an-àirde.

Tha i sgòthach... – tarraing dealbh de sgòth mhòr, mothtanach san adhar le do cholbhagan.

Adult and child

Actions for the song:

Tha i fuar... - put arms across chest and rub opposite upper arm as if feeling cold.

Tha i brèagha... - use both hands moving in opposite directions to make a big circle in front of your face.

Tha i fliuch... - on the word ‘fliuch’, mime putting an umbrella up.

Tha i sgòthach... - use pointing index fingers to draw a big fluffy cloud in mid air.

Gnìomh buidhne

Cleachd na gnìomhan a tha gam moladh gu h-àrd.

Cuir 4 dealbhan a tha a’ riochdachadh nan 4 diofar sheòrsachan de dh’aimsir san òran ann am meadhan a’ chearcaill,. Iarr air leanabh an dealbh iomchaidh den aimsir a thogail no a chomharrachadh len corraig nuair a ruigeas sibh gach rann. Dh’fhaodadh an leanabh sgiobadh timcheall a’ chearcaill leis an dealbh fhad ‘s a tha càch a’ seinn an rainn sin mun aimsir

Group Activity

Use the actions suggested above.

Have 4 pictures on display/in centre of circle representing the 4 weathers in the song. Choose a child for each verse to hold up/point to correct weather picture. The child could skip round the circle with the weather picture while the others sing that particular weather verse.

Madainn mhath, fàilte - Activity Ideas

Inbheach agus leanabh

Madainn mhath – cuir an ìre gu bheil thu a’ fosgladh chùirtearan (dùirn còmhla, agus an uair sin gan gluasad bho chèile)

Fàilte – sìn do làmhan a-mach mar gu bheil thu a’ cur fàilte air cuideigin.

Dè an latha a th’ ann an-diugh? – cuir do làmhan a-mach air gach taobh dhìot, boisean a’ coimhead suas mar gu bheil thu a’ faighneachd ‘dè?’

An-diugh Diluain – Comharraich cairt no dealbh a tha a’ riochdachadh an latha sin den t-seachdain.

Adult and child

Madainn mhath – mime opening curtains (fists together then moving away to each side)

Fàilte – outstretched hands as if welcoming someone

Ciamar a tha thu? – one outstretched hand towards the child

Dè an latha a th’ ann an-diugh? – hands out to each side, palms facing upwards as if asking ‘what?’

An-diugh Diluain – Point to the flashcard or picture representing the day of the week

Gnìomh buidhne

Mar a tha e gu h-àrd.

Aig ‘Ciamar a tha thu an-diugh’ sìnidh a’ chlann làmh gu caraaid mar gu bheil iad a’ cur na ceist orra. Airson na loidhne mu dheireadh, dh’fhaodadh a’ chlann cairt a chumail suas a tha a’ sealltainn latha na seachdain no dealbh a tha a’ riochdachadh an latha.

NB Ged nach bi a’ mhòr-chuid de chlann air chomas leughadh aig an ìre seo, bhiodh e ciallach dath eadar-dhealaichte a chleachdadh airson gach latha. Le sin, aithnichidh a’ chlann dè an latha a th’ ann air an dath. (Faic am PowerPoint airson làithean na seachdain)

Group Activity

As above

At ‘Ciamar a tha thu an-diugh?’, children can outstretch a hand to a friend as if asking the question. For the last line, children could hold up the flashcard showing the day of the week or the picture representing that day.

NB Although most children will not be reading at this stage, it would be a good idea to use a different colour to represent each day. Children will then associate certain days with certain colours. (See powerpoint for days of the week)

Dè an t-ainm a th' ort? - Activity Ideas

Inbheach agus leanabh

Gabh an t-òran agus seinn ainm an leanaibh às dèidh 'is mise'. Buail do bhoisean ri buille an òrain, ach stad agus comharraich an leanabh le do chorraig nuair a thèid a/a h-ainm a sheinn.

Adult and child

Sing the song and put the child's name in after 'is mise'. Clap along in time to the song but stop and point to the child when his/her name is sung.

Gnìomh buidhne

Suidhibh ann an cearcall agus gabhaibh an t-òran còmhla, a' seinn ainmean nan leanaban duine mu seach. Faodaidh an leanabh smèideadh nuair a thèid a/h-ainm a sheinn.

Group Activity

Sit the group in a circle and sing the song together using each child's name in turn. The child can wave when his/her name is sung.

Dè an latha a th' ann an-diugh? - Activity Ideas

Inbheach agus leanabh

Cuir an-àird cairt le latha na seachdain oirre no dealbh de rudeigin a bhios a' tachairt air an latha sin. Buailibh ur boisean ris an òran agus comharraich a' chairt/dealbh nuair a tha an latha ga sheinn.

Adult and child

Display a flashcard with the day of the week on it or a picture of something that happens on that day. Clap along in time to the song and point to the flashcard/picture when the day is sung.

Gnìomh buidhne

Cuir an-àird cairt le latha na seachdain oirre, no dealbh de rudeigin a bhios a' tachairt air an latha sin. Buailibh ur boisean ris an òran agus comharraichibh a' chairt/dealbh nuair a tha latha ga sheinn. Dh'fhaodadh sibh cuideachd na 7 làithean air fad a sheinn agus iarraidh air leanabh eile a' chairt/dealbh iomchaidh a chomharrachadh nuair a tha an latha ga sheinn.

Group Activity

Display a flashcard with the day of the week on it or a picture of something that happens on that day. Clap along in time to the song and point to the flashcard/picture when the day is sung. You could also sing all 7 days and choose a different child to point to the correct flashcard/picture when the day is sung.

Càit a bheil Màiri? - Activity Ideas

Inbheach agus leanabh

Cuiridh an t-inbheach teadaidh ri a/a h-aodann agus gabhaidh e/i an t-òran, a' cur ann ainm an leanaibh. Coimheadaidh an t-inbheach a-mach bho air cùl an teadaidh nuair a ruigeas e 'gìog ort'

Adult and child

Adult puts a teddy in front of his/her face and sings the song using the child's own name. Adult peeks out from behind the teddy when it gets to 'peekaboo'.

Gnìomh buidhne

Suidhidh a h-uile duine ann an cearcall, agus cuiridh iad an làmhan rin aodann mar gu bheil iad am falach. Tòisichidh an t-inbheach an t-òran, a' cur ann ainmean na cloinne a tha sa bhuidheann. Coimheadaidh a h-uile duine a-mach bho air cùl an làmhan nuair a ruigeas e 'gìog ort'.

Group Activity

Everyone sits in a circle and puts their hands in front of their face as if to hide. Adult leads the song using the names of the children in the group. Everyone joins in with the song. Everyone peeks out from behind their hands at 'peekaboo'.

Ann an Cearcall Sona Activity

Inbheach agus leanabh

Anns a' chiad rann, gabh grèim air làmh an leanaibh agus gluaisibh ur làmhan bho thaobh gu taobh ri buille an òrain. Anns an dàrna rann, cumaibh grèim air làmhan a chèile agus coisichibh timcheall ann an cearcall.

Adult and child

For the first verse, hold hands with your child and swing your hands from side to side in time to the music. For the second verse, continue to hold hands and walk round in a circle.

Gnìomh buidhne

Cleachd an t-òran seo gus toirt air a' chloinn sgar de na tha iad a' dèanamh agus tighinn a dhèanamh cearcall. Smèidibh air a chèile nuair a tha sibh a' seinn 'Nach tig thu leam, a charaid'. Seasaibh làmh air làimh ann an cearcall nuair a tha sibh a' seinn 'Caraidean ri chèile'. Cumaibh oirbh a' seinn an òrain gus a bheil a h-uile duine air tighinn chun a' chearcaill.

Group Activity

Use this song to encourage children to stop what they're doing and to make a circle for a group activity. Beckon each other with your hands as you sing 'Nach tig thu leam, a' charaid'. Hold hands in order to make a circle as you sing 'Caraidean ri chèile'. Continue singing the song repeatedly until everyone has joined the circle.